



## Tìotal: Na ceudfàthan agam: Rudan as toigh leam/ Rudan nach toigh leam

Ìre: DÀRNA

### Ceanglan CfE

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha mi mothachail air gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chrìochan pearsanta dhaoine agus 's urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a' cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt. HWB 2-45b</li> <li>Tha mi mothachail air m' fhaireachdainnean is comasach an cur an cèill, agus tha mi a' fàs comasach air bruidhinn mun deidhinn HWB 2-01a</li> <li>Tha mi a' faighinn barrachd tuigse air bodhaig dhaoine agus 's urrainn dhomh am fiosrachadh seo a chleachdadh gus mo shunnd agus mo shlàinte a chumail suas agus piseach a thoirt orra. HWB 2-15a</li> </ul>	<p>Tha na h-Eòlasan/Builean seo (a thaobh CfE) a' tighinn fo 'dhleastanas nan uile', mar sin chan eil slatan-tomhais ann air an son.</p>

### Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann mu na ceudfàthan aca agus mar a tha iad air an cleachdadh nuair a tha iad ag obrachadh a-mach a bheil na tha agus nach eil a' còrdadh riutha.
- Gun ionnsaich agus gun aithnich clann mu àite agus crìochan pearsanta.
- Gun tuig clann gu bheil faireachdainnean air an cur an cèill an dà chuid tro labhairt agus giùlan.

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Aithnichidh mi agus 's urrainn dhomh innse na tha agus nach eil a' còrdadh rium.
- Tha fios agam gun urrainn dhòmhsa agus do dhaoine eile faclan, gluasad-bodhaig agus m' aodann a chleachdadh airson sealltainn gu bheil no nach eil rud a' còrdadh rium.
- 'S urrainn dhomh innse dè thathar a' ciallachadh le àite pearsanta.
- Tha mi a' tuigsinn nach bi gach rud a tha a' còrdadh riumsa a' còrdadh ri daoine eile agus gum bi rudan nach eil a' còrdadh riumsa a' còrdadh ri daoine eile.

### Goireasan-taic

- PowerPoint
- Rudan airson a' 'phannail' ciad-fàthan
- Am profaidhl 'S toigh/ Cha toigh leam

**NÒT:** Bidh a' chlann cuideachd ag ionnsachadh mu 'fhaireachdainnean' san aonad **Gam dhìon: Nuair a tha mi a' faireachdainn sàbhailte/mì-shàbhailte** aig diofar amannan ann am bliadhna na sgoile/diofar ìrean ged nach eil an t-òrdugh san tèid an dèanamh cudromach.

## Obair

1. Tòisich an leasan ann an cearcall. Can gu bheil sinn cuideachd a' smaoinichadh mu na rudan as toigh leinn agus nach toigh leinn.
2. **Na ceudfathan againn:** Cleachd na slaighdean (Fàileadh/Fradharc/Claisneachd/Suathadh/Blas) airson a' chlann a chuideachadh a' tuigsinn dè th' anns na ceudfathan aca. A thaobh gach fear, iarr beachdan air a' chloinn air fàilidhean, rudan a tha iad a' faicinn, fuaimean a bhios iad a' cluinntinn, rudana bhios iad a' suathadh agus rudan a bhios iad a' blaiseadh a tha a' còrdadh riutha. 'S dòcha gum faod iad tòiseachadh cuide ri caraid rin taobh an uair sin mar bhuidheann. Bruidhinn riutha air mar a tha diofar fhreagairtean aig gach neach. Inns dhan chloinn gur e na ceudfathan a' chiad rud a tha sinn a' cleachdadh airson obrachadh a-mach an toigh leinn rud no nach toigh.
3. **Rudan as toigh/nach toigh leinn:** Leanaibh oirbh leis a' chòmhradh bho na ceudfathan gu faireachdainnean a bhios againn nar bodhaigean – cleachd ceistean/eisimpleirean mar seo:
  - Cò leis as toigh a bhith a' dol air raighdean aig an fhèill? Cò leis nach toigh? Faighnich dhan chloinn – an urrainn do dhuine innse dhomh ciamar a tha e a' faireachdainn a bhith a' dol air rolair-corsair? (Iarr orra do thoirt ro chuairt air rolair-corsair, mus tèid thu air, nuair a tha thu air agus nuair a tha e seachad – faighnich mu na faireachdainnean a bhios aca agus càit am bi iad gam faireachdainn.)
  - Cò ris a tha no nach eil damhain-allaidh a' còrdadh? Faighnich do chuideigin ris nach eil iad a' còrdadh: Ciamar a bhios tu a' faireachdainn nuair a chì thu fear? Càite nad bhodhaig am bi na faireachdainnean agad?
4. **Tha diofar rudan ann as toigh/nach toigh leinn:** Faighnich dhan chloinn a bheil rudan ann a tha/nach eil a' còrdadh riutha a tha eadar-dhealaichte bho dhaoine eile san teaghlach aca no cuideigin/rudeigin faisg orra. Iarr diofar rudan, biadh, beathaichean, rudan a bhios iad a' dèanamh agus diofar sheòrsaichean suathaidh (blàths/gaol) a dh'fhaodas a bhith eadar-dhealaichte. Can a-rithist gu bheil diofar rudan a' còrdadh ri diofar dhaoine agus gum bi diofar faireachdainnean againn mu dhiofar rudan cuideachd.
5. **Àite Pearsanta/Gèam a' bhuilgein:** Tha an leasan seo a' coimhead air bun-bheachd àite pearsanta. Seo dòigh air innse dhan chlas mu 'Ghèam a' bhuilgein':
  - Iarr air dithis chloinne seasamh mu choinneamh a chèile le astar mòr eatarra. Iarr air aon phàiste na h-òrdagan a chur suas agus seasamh socair.
  - Faodaidh am pàiste eile coiseachd air an socair gan ionnsaigh. Can ris a' chloinn gum faod pàiste nan òrdagan na h-òrdagan a chur sìos nuair a tha iad a' faireachdainn gu bheil am pàiste eile a' tighinn ro fhaisg orra airson cofhurtachd (cleachd an abairt àite pearsanta). Feumaidh am pàiste eile sgar a choisreachd an uair sin.
  - Iarr air a' chloinn suaip a dhèanamh airson 's gu bheil an fheadhainn a bha nan seasamh socair a-nis a' coiseachd, agus an eacarsaich a dhèanamh a-rithist.
  - Ma tha crìochan na cloinne gu math coltach, iarr air dithis eile a dhèanamh agus seall do chàch.
  - Tarraing aire gu bheil diofar chrìochan pearsanta aig a' chloinn, agus gu dearbh gu bheil diofar chrìochan againn air fad.
  - Mìnich gu bheil a' mhòr-chuid de dhaoine cofhurtail ma tha co-dhiù faid aon ghàirdein eadar iad fhèin agus neach eile ann an suidheahaidhean làitheil. Ma chuireas tu do dhà ghàirdean a-mach dìreach gu gach taobh, agus ma thionndaidheas tu, 's e seo am 'builgean' agadsa. Iarr air a'

chloinn seasamh agus am builgean acasan a dhèanamh cuideachd. Ma tha àite agaibh, feuchaibh ri coiseachd a dh'ionnsaigh/timcheall air daoine eile. (Cluich an gèam a-rithist ann an àiteachan eile.)

- Faighnich dhan chloinn mu shuidheachaidhean nuair a bhiodh e doirbh an riaghailt seo a chleachdadh. Mar eisimpleir nuair a tha sinn a' cleachdadh còmh-dhail phoblach, a' suidhe aig deasgaichean sa chlas agus a' feitheamh ann an sreath.
- Brosnaich àite pearsanta a' bhuilgein gu cunbhalach, a' cleachdadh an fhacail 'builgean' mar phromt dhan chloinn a tha ga fhaighinn doirbh a' bhun-bheachd a thuigsinn le bhith ga fhaicinn.

6. **Pannal Èolaichean Cheudfathan: A' cur an cèill na tha no nach eil a' còrdadh rinn.** Iarr air 3 no 4 chloinne tighinn gu aghaidh a' chlas airson a dhol air *pannal luchd-sgrùdaidh cheudfathan*. Can riutha gu bheil thu ag iarraidh bheachdan bhuapa air rudan a tha thu a' dol a thoirt dhaibh. Iarr air a' chloinn san 'luchd-amhairc' a bhith gu math sàmhach agus an aire a thoirt dha na daoine air a' phannal feuch dè nì iad – às dèidh gach rud faighnich:

- An toigh leis a' chloinn air a' phannal e/iad no nach toigh?
- Cò na ceudfathan a chleachd iad airson faighinn a-mach?
- Ciamar a tha an rud a' toirt orra faireachdainn?
- Dè bhios am bodhaig a' dèanamh?
- An aithnich thu a bheil an rud a' còrdadh riutha no nach eil?

Fear mu seach thoir dhaibh na rudan (chan eil an seo ach eisimpleirean, faodaidh sibh rudan eile a chleachdadh, cuiribh tuilleadh rudan a-steach sibh fhèin):

- Orainsear (air a rùsgadh) – airson fàileadh agus suathadh (agus blas ma tha iad airson)
- Botal cùbhraidheachd
- Cotan (no clobhd eile) airson a làimhseachadh
- (iarr sàmhchair) Cluich pìos goirid de cheòl clasaigeach
- Dealbh de chuilean laghach (slaighd sa phasgan)

7. **'S toigh/cha toigh leam:** Air ais mar aon chlas/bhuidheann iarr air a' chloinn smaoinichadh gu socair mu na rudan as toigh leotha/nach toigh leotha. Tha e ceart gu leòr ged a bhiodh na taghaidhean aca mu dhiofar chuspairean, me biadh, cur-seachdan, dòighean fàilteachaidh (èigheach, fàsgadh 's msaa) no rud sam bith eile. Inns dhaibh gu bheil aca a-nis ri profaidhl pearsanta a dhèanamh airson 's gun urrainn do dhaoine eile sa chlas rudan ionnsachadh mun deidhinn.

**Seall/inns dhaibh mun phrop clàraidh.** Nuair a tha iad deiseil, iarr air a' chloinn gluasad timcheall an rùm a' lorg rudan a tha coltach/ao-coltach eadar iad fhèin agus an co-aisean.

8. **A' crìochnachadh,** An toigh no nach toigh le neach sam bith rud air nach robh fios aig càch. Tarraing aire chun nan rudan a tha a' còrdadh ri cuid agus nach eil ri cuid eile. Crìochnaich leis an t-slaighd a tha a' cur an cuimhne a' chlas gu bheil sinn air fad fa leth agus sònraichte.

**NÒT:** Faodaidh cuid den chloinn, leithid feadhainn air a bheil Siondram Turner no Siondram Williams, cuideachd a bhith a' fulang le Prosopagnosia (no doille aodainn). Faodaidh seo a bhith a' ciallachadh nach fhaic clann aodainn, 's mar sin cha thog iad faireachdainnean dhaoine eile bho na fiamhan aca. 'S dòcha

mar sin nach tuig iad susbaint an leasain gu lèir. Ma tha thu gu math soilleir sna leasain mu na coltasan a bhios air aodann neach airson faireachdainnean a shealltainn, 's urrainn dhan chloinn a bhith a' faireachdainn nam pàirt de chùisean. Bidh clann air a bheil autism ga fhaighinn doirbh faireachdainnean dhaoine eile aithneachadh, a bharrachd air an fheadhainn aca fhèin. 'S dòcha gum bi barrachd taic a dhìth orrasan san leasan seo.

### Beachdan eile

- Faighnich gach madainn agus feasgar: Ciamar a tha thu a' faireachdainn an-dràsta?
- Deàn sgrùdadh air dòighean làimhseachaidh a chleachdas iad nuair a tha iad e doirbh dhaibh dèiligeadh ri rud nach toigh leotha, me coiseachd air falbh, cunntadh gu deich no a' dèanamh rud eile.

### Ceangal ris an dachaigh

*Faodaidh sibh an teacsa g h-ìosal a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun obair seo.*

Mar phàirt den ionnsachadh againn air dàimhean tha sinn ag ionnsachadh mu nan ceudfathan agus mar a bhios sinn gan cleachdadh nuair as toigh no nach toigh, leinn rudeigin. Tha sin a' brosnachadh na cloinne agus smaoinichadh air mar a tha iad a' faireachdainn mu rudan timcheall orra agus ag iarraidh orra stad agus smaoinichadh: 'An e rud a tha seo as toigh no nach toigh leam?'. Bidh a' chlann a' smaoinichadh air mar a bhios sinn a' cur an cèill ar faireachdainnean tro fhaclan, ach cuideachd le ar n-aodainn agus gluasad-bodhaig. Tha an leasan seo a' toirt cothrom dhan chloinn smaoinichadh air mar a bhios daoine eile a' cleachdadh am faireachdainnean mu na tha no nach eil a' còrdadh riutha; ionnsaichidh a' chlann gum faod daoine eile a bhith a' faireachdainn eadar-dhealaichte bhuapa a chur an cèill agus gur dòcha nach fheum iad no nach eil iad ag iarraidh na h-aon rudan riuthasan. San dachaigh faodaidh sibh cuideachd cnuasachd a dhèanamh air na ceudfathan le geamannan agus cluich agus ur pàiste a bhrosnachadh gus na faireachdainnean aca a thuigsinn, agus gus bruidhinn mu rudan a tha agus nach eil a còrdadh riutha.

### Nòtaichean Tidseir